



Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Suirbhidhean air Cleachdadh na Gàidhlig a-measg Dhaoine Òga

Roimh-ràdh

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta airson diofar adhbharan agus tha am fiosrachadh againn mu phrìobhaideachd a' mìneachadh carson a bhios sinn a' faotainn agus a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus ciamar a bhios sinn ga chleachdadh.

Tha am fiosrachadh seo mu phrìobhaideachd a' mìneachadh mar a nì Bòrd na Gàidhlig feum de dh'fhiosrachadh pearsanta a tha ga chruinneachadh san t-suirbhidh seo.

Geàrr-chunntas do Chloinn Aois Bhun-sgoile

Ma tha thu nad neach òg a thèid do bhun-sgoil bu chòir dhut iarraidh air inbheach a tha an urra riut an còrr den Fhiosrachadh mu Phrìobhaideachd seo a leughadh còmhla riut. Bidh sinn a' faighneachd airson fiosrachadh mu dheidhinn na leanas:

- far am bi thu a' dol dhan sgoil
- an clas anns a bheil thu
- na rudan as toigh is nach toigh leat
- rudan a chuidicheas tu no a chuireas stad ort Gàidhlig a bhruidhinn is a chleachdadh

Cha chùm sinn greim air an fhiosrachadh seo ach airson dà bhliadhna air a' char as fhaide.* 'S urrainn dhut faighneachd airson an fhiosrachaidh aig àm sam bith agus 's urrainn dhut innse dhuinn mur eil thu airson gun cleachd sinn e tuilleadh. Cha tèid a chleachdadh ach airson cuideachadh le feumalachdan aig daoine an aois agad a thuigsinn agus thèid a chleachdadh le cuid bhuidhnean còmhraidh agus airson daoine òga a chuideachadh gus Gàidhlig a bhruidhinn nas trice.

Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Cruinnichidh an t-suirbhidh:

- Sgoil, ìre sgoile agus an sgìre far am bi sibh ag còmhnaidh
- fiosrachadh air cur-seachadan, spòrsan agus beachdan pearsanta eile
- Fiosrachadh mu chùisean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig agus beachdan mun a' Ghàidhlig

Chan fheum sibh a h-uile ceist san t-suirbhidh fhreagairt. A bharrachd air sgoil agus àite far am bi sibh ag còmhnaidh, cha bhi fiosrachadh pearsanta sam bith eile ga shireadh. Ma tha sibh airson fiosrachadh airson a fios a chur a bhith aig Bòrd na Gàidhlig, feumaidh sibh iarraidh air tidsear no inbheach a tha an urra ribh seo a dhèanamh as ur leth le bhith a' cur post-dealain gu oifis@gaidhlig.scot leis a' chuspair: Buidhnean #Cleachdi.

Ciamar a bhios m' fhiosrachadh air a chleachdadh?

Tha am fiosrachadh agaibh ga chruinneachadh gus Bòrd na Gàidhlig a chuideachadh le bhith a' tuigsinn nan ùidhean is beachdan aig daoine òga aois 9-19 le sgilean Gàidhlig. Tha am fiosrachadh seo a dhìth airson ar cuideachadh gus planadh mar a bhios sinn a' coinneachadh ris na feumalachdan sin, an dà chuid san àm ri teachd aithghearrachd agus san ùine fhada romhainn agus gus cruth a thoirt air na còmhraidhean a bhios aig buidhnean fòcais de dhaoine òga le sgilean Gàidhlig.

Ma bheir sibh seachad do phost-dealain, faodaidh sibh iarraidh airson leth-bhreac de na freagairtean agaibh aig deireadh na suirbhidh.

Tha fiosrachadh ga chruinneachadh agus ga làimhseachadh airson adhbharan leasachadh na Gàidhlig agus bidh aonta ga chleachdadh mar bun-stèidh laghail. Thèid tòraidhean na suirbhidh a thaisbeanadh ann an cruth iomlan, gun ainm, agus cha ghabh neach fa leth aithneachadh o aithisg sam bith bho thòraidhean na suirbhidh. Cuideachd, thèid freagairtean fa leth a chleachdadh cuideachd gus aithne a chur air pàtran an no gnàthasan ann am beachdan òigridh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig aca.

Cha chuir sinn fios thugaibh san àm ri teachd, ach ma bhios tu fhèin a' cur fios gu Bòrd na Gàidhlig mu a thaobh nam buidhnean fòcais a tha ceangailte ris an t-suirbhidh, bidh sinn a' glèidheadh an fhiosrachaidh sin airson an dearbh adhbhair sin a-mhàin agus 's e am bun-stèidh laghail airson am fiosrachadh sin a ghlèidheadh a th' ann an aonta cuideachd. Faodaidh sibh an t-aonta agaibh a tharraing aig àm sam bith.

Am bi am fiosrachadh agam air a thoirt do dhuine eile?

Thèid am fiosrachadh agaibh a làimhseachadh leis na sgiobaidhean iomchaidh aig Bòrd na Gàidhlig agus 's e sin an fheadhainn le uallach airson Foghlam Gàidhlig agus Cleachdadh na Gàidhlig.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta aig Bòrd na Gàidhlig còmhla ris na daoine a bhios a' làimhseachadh dàta às ar leth. Cho fad 's as urrainn dhuinn a dhearbhadh, cha bhithear a' gluasad an fhiosrachaidh phearsanta agaibh gu dùthchannan taobh a-muigh Raon Eaconamach na h-Eòrpa.

Bidh an t-suirbhidh seo a' cleachdadh Microsoft Forms airson dàta a chruinneachadh is a mheasadh. Bu chòir dhuibh bhith mothachail gum faod Microsoft fiosrachadh a chruinneachadh airson nan adhbharan aca fhèin agus tha am poileasaidh prìobhaideachd aca an [seo](#).

Tha Bòrd na Gàidhlig a' faotainn sheirbheisean tro chùmhnannt airson Oifigear Dìon Data agus faodaidh gun tèid am fiosrachadh agaibh a làimhseachadh ri linn lìbhrigeadh na seirbhis sin, mar eisimpleir a' sgrùdadh gèilleadh dìon dàta.

A bharrachd air na suidheachaidhean a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, cha toir Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta do neach no buidheann eile uair sam bith, ach nuair a tha riathanas reachdail ann gus sin a dhèanamh no gu bheil e laghail mar a tha am pròiseas ga chur an gnìomh.

Dè thachras nuair nach bu feum tuilleadh air m' fhiosrachadh?

*Thèid am fiosrachadh agaibh a chumail airson na adhbharan a tha gan cur an cèill gu h-àrd agus bidh am faid-ùine a thèid a chumail a-rèir mar a bhios obair nam buidhnean fòcais a leasachadh. Thathar an dùil nach tèid freagairtean fa leth a chumail nas fhaide na dà bhliadhna ach bidh seo ga chumail fo sgrùdadh.

Còraichean a Bharrachd

Fon Riaghailt Choitchinn airson Dìon Dàta (RCDD), tha grunn chòraichean agaibh nuair a thig e gu ur fiosrachadh pearsanta.

Tha a' chòir agaibh:

- i. iarrtas a chur a-steach airson ur fiosrachadh pearsanta fhaicinn;
- ii. iarrtas a chur a-steach gus am fiosrachadh pearsanta agaibh a cheartachadh, rud a tha a' ciallachadh gum bi e comasach dhuibh fiosrachadh pearsanta ceàrr a chur ceart gun cus dàlach;
- iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan àraidh ann;
- iv. bacadh a chur air mar a thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh ann an cuid a shuidheachaidhean
- v. cur an aghaidh mar a thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh;
- vi. am fiosrachadh a ghluasad ann an cuid a shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan a thaobh ceartachaidh, dubhadh às no bacadh air an fhiosrachadh a chleachdadh a chur gu duine sam bith a fhuir am fiosrachadh pearsanta agaibh. Gheibhear fiosrachadh mionaideach air cò gheibh am fiosrachadh agaibh san earrainn.

Am bi am fiosrachadh agam air a thoirt do dhuine eile?

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabhail ris na h- iarrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Nam biodh seo fìor mu iarrtas a nì sibh, bidh e air a mhìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an t- iarrtas agaibh a choileanadh agus dè na roghainnean a th' agaibh.

Far a bheil ur fiosrachadh pearsanta ga chleachdadh le ur cead, tha a' chòir a bharrachd agaibh ur cead a tharraing air ais aig àm sam bith. Faodaidh sibh faighinn a-mach mu mar a tha am fiosrachadh pearsanta agaibh air a chleachdadh gu laghail san earrainn.

Ciamar a bhios m' fhiosrachadh air a chleachdadh?

Gearanan

Mura h-eil sibh toilichte leis an dòigh anns a bheil Bòrd na Gàidhlig air ur dàta pearsanta a chleachdadh, tha a' chòir agaibh gearan a chur gu Coimiseanair an Fhiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta anns an RA. Gheibhear mar a chuirear fios thuca aig <https://ico.org.uk/>.

Fios Gu

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a thèid a chleachdadh mar a tha e air a mhìneachadh san fhiosrachadh seo.

Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot/>.

Ma tha ceistean sam bith agaibh mu fhiosrachadh sam bith a th' anns an fhiosrachadh mu phrìobhaideachd seo, cuiribh fios an toiseach gu:

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

oifis@gaidhlig.scot

01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V2	Smachd Sgiobhainn air an cur ris is logo BNG	CNI/SB	17/10/2022